



Teisteanais
Nàiseanta
2019

X732/77/11

Àrd-Ìre Adhartach

DILUAIN, 29 GIBLEAN

9:00 M – 10:30 M

**Gàidhlig
Sgrùdadh**

Gàidhlig
Practical Criticism

Comharran gu lèir — 30

Leugh Teacsa 1 agus Teacsa 2 agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 7 3 2 7 7 1 1 *

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE

Teacsa 1 — Neo-fhicsean: Rosg

An t-Eadar-lìon: Saorsa no Daorsa?

Uaireigin dhem shaoghal bha mi ag obair air an telebhisean, agus aithnichte — mar a thuir am bodach faoin eile — eadar Dùn Èideann agus Steòrnabhagh. Oir anns na seann làithean sin, cha robh ann ach dà shianal agus mar sin ma bha thu idir a' nochdadh air an teilidh bha thu ainmeil air an t-sitig agad fhèin. 'S dòcha nach eil cuimhn' agaibh ach tha cuimhn' agam air na làithean annasach sin, nuair a bhiodh craoladh a' stad mu aon uair deug a dh'oidhche. Nochdadh bodach air choreigin le colair a' toirt dhuinn '*Late Call*' agus an uair sin dhùineadh an telebhisean sìos is rachadh daoine dhan leabaidh.

An uair sin, dh'fhosgail na dorsan mòra. Thàinig Sianal a Ceithir, agus *Sky* an toiseach. Thòisich craoladh fad oidhche, agus a-nis tha taghadh againn (mas e sin a th' ann) eadar 900 sianal. 'S gann gum bi mi fhìn a' coimhead telebhisean idir sna làithean seo. Tha *BT Sport* agam airson nan geamachan mòra ball-coise fhaicinn, ach a bharrachd air coimhead air luchd-ealain mar Lionel Messi, cha bhi mi a' toirt sùil air mòran eile.

'S ma tha sin fìrinneach dhòmhsa, tha e gu seachd cinnteach fìrinneach a thaobh mo chuid chloinne. Buinidh iad gu soilleir dhan ghinealach òg a tha a' faighinn am fiosrachaidh tro na meadhanan sòisealta. Oir carson a dh'fhuiricheadh tu gu deich uairean a dh'oidhche a choimhead air na naidheachdan nuair as urrainn dhut an togail gach mionaid dhen latha air a' choimpiutair no air am fòn-làimhe a tha air do bheulaibh? Carson a shuidheadh tu aig ochd uairean feasgar air beulaibh a' bhogsa, nuair a chì thu am prògram air an eadar-lìon aig àm sam bith a thogras tu fhèin?

Ann an dòigh shaoileadh tu gur e saorsa a tha seo. Ach feumaidh sinn a bhith mothachail cuideachd gu bheil an t-eadar-lìon a-nis mar a bha an telebhisean sna seann làithean sin: fo smachd bhuidhnean corporra. Bha mise ag obair aig companaidh telebhisein aig an robh cumhachd sanasachd do-chreidsinneach: *monopoly*, a dhòirteadh a-steach do gach seòmar-suidhe san rìoghachd. Chan eil iongnadh gun tuirt am fear a bha a' ruith a' chompanaidh aig an àm: '*It's a licence to print money.*'

Bha dùil aig cuid gun atharraicheadh cùisean gu tur nuair a thòisich an t-eadar-lìon agus na meadhanan-sòisealta. Gum biodh na meadhanan seo na b' fhosgailte agus na bu deamocrataiche. Agus ged a tha sin air tachairt gu ìre, tha an smachd a th' aig na buidhnean mòra air an eadar-lìon a' sìor fhàs gach latha. Tha an saoghal dealanach seo (agus le sin saoghal ar cultair) an ìre mhath air a ruith le na companaidhean mòra corporra: *Google, Amazon, Facebook* . . .

Bha aisling ann aig aon àm gum biodh an t-eadar-lìon mar leabharlann mòr poblach a dh'fhaodadh neach sam bith a chleachdadh: an àite sin tha e mar leabharlann le geàrd (*algorithms*) aig gach doras gad stiùireadh an taobh seo no an taobh ud eile. Tha fhios aig na companaidhean mòra air a h-uile rud mar deidhinn: cuin agus càit an do rugadh sinn; na cleachdaidhean làitheil a th' againn; na gnothaichean a bhios sinn a' leantainn agus a' ceannach; na làraichean air am bi sinn a' tadhal . . . Tha sinn air ar beatha a shìneadh a-null gu saor-thoileach(?) gu buidhnean corporra a nì prothaid mhòr asta.

Cha bu chòir dha bhith mar seo. Aon fhreagairt (doirbh agus gu bheil i) 's e a bhith a' seachnadh teicneòlas buileach glan. A dhol '*off-grid*' gu sòisealta; sgrìobhadh gu daoine le peann is litir agus a dhol dhan bhùth ionadail as fhaisg' airson stuth a cheannach.

Ach cha bu chòir gum bi againn ris a leithid a dhèanamh gus smachd a thoirt air ais bho na companaidhean mòra. Oir 's e ceist phoilitigeach a th' ann, agus 's e an dùbhlán laghan a stèidheachadh a tha a' cumail smachd, chan ann air daoine, ach air na buidhnean corporra sin.

Aonghas Pàdraig Caimbeul, *Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich*, atharraichte

CEISTEAN

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin. Cleachd fianais às an teacsa agus thoir iomradh air cànan/sgilean-sgrìobhaidh far a bheil sin iomchaidh.

1. Seall, le fianais à loidhnichean 1–12, mar a tha a tha an ceangal a th' aig an sgrìobhadair ris an telebhisean air atharrachadh tro na bliadhnachan. 2

2. Coimhead air loidhnichean 13–19. Inns, nad fhaclan fhèin, mar a tha an t-eadar-lìon (a rèir an sgrìobhadair) air atharrachadh mòr a thoirt air ar beatha. 2

3. Tha an sgrìobhadair a' cuimhneachadh air mar a bha 'telebhisean sna seann làithean'.
Coimhead air loidhnichean 20–30. Carson, nad bheachdsa, a tha e a' togail air seo nuair a tha e a' sgrìobhadh mun eadar-lìon san latha an-diugh? 2

4. Seall, le eisimpleirean às an artaigil air fad, mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh taghadh-facail gus an argamaid aige a neartachadh. 2

5. Mìnich, le aon eisimpleir, mar a tha an sgrìobhadair a' cur ìomhaigheachd gu feum anns an artaigil. 2

6. Nad bheachdsa, seall mar a tha stoidhle an sgrìobhadair soirbheachail ann a bhith a' cur na h-argamaid aige mu choinneamh an leughadair. Cleachd fianais às an artaigil nad fhreagairt ach na tog air taghadh-facail no ìomhaigheachd. 3

7. Nad bheachdsa, dè am prìomh theachdaireachd a th' aig an sgrìobhadair anns an artaigil seo? Seall, le fianais às an artaigil air fad, carson a tha thu den bheachd seo. 2

[Tionndaidh an duilleag

Teacsa 2 — Ficsean: Bàrdachd

Aithreachas na h-Oidhche

Nam aonar
ann an dorchadas mo sheòmair.
Os cionn fuaim a' bhaile mhòir
tha an t-sàmhchair a' bualadh air mo cheann.

- 5 Gathan a' sàthadh a-steach dom inntinn
le faobhar geur an aithreachais.
Fuachd air gach taobh dhìom mar
gheàrd garbh a' gheamhraidh.

- 10 Nam shìneadh, rag,
gun chomas cadail.
Smuaintean is seallaidhean air m' aire,
cuimhne chumhachdach a' dèanamh
ruidhle mun cuairt 's mun cuairt,
lot às dèidh lot, dearg air clàr mo chogais.

- 15 San staing shalaich seo
tha aithreachas ga shìor thogail fhèin,
cìont mo chuimhne
nach gabh sguabadh às a-chaidh.

Stèidhichte air dàn le Alpein Stiùbhairt

CEISTEAN

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às a' bhàrdachd far a bheil sin iomchaidh.

1. Dè na faireachdainnean a th' air a' bhàrd ann an loidhnichean 1–4? Seall, le fianais às an teacsa, mar a tha na faireachdainnean seo air an cruthachadh. 2

2. Seall mar a tha ìomhaigheachd agus taghadh-facail air an cleachdadh ann an loidhnichean 7–8 gus nochdadh dhuinn gu bheil am bàrd mar phrìosanach na sheòmar. 2

3. Le bhith a' cleachdadh fianais à loidhnichean 9–13, seall mar a tha diofar sgilean-sgrìobhaidh air an cleachdadh gus staid-inntinn a' bhàird a dhèanamh follaiseach. 3

4. Tha ìomhaigheachd leantainneach air a cleachdadh anns a' chiad dà rann airson cogais a' bhàird a thaisbeanadh dhuinn agus airson tuigse a thoirt dhuinn air na thachair na bheatha.
Seall mar a tha an ìomhaigheachd fhèin air a leasachadh agus air a toirt gu àirde. 3

5. Tha taghadh-facail air a chleachdadh gu h-èifeachdach anns an rann mu dheireadh. Seall le fianais mar a tha seo a' dèanamh feum dhan bhàrdachd. 2

6. Bidh bàird an-còmhnaidh a' sgrùdadh chuspairean nan cuid sgrìobhaidhean. Seall le fianais, dè na cuspairean as motha air an do rinn e sgrùdadh anns a' bhàrdachd seo. Mìnich na teachdaireachdan a tha ag èirigh às na cuspairean seo. 3

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Acknowledgement of copyright

Text 1 — Text is adapted from a newspaper column by Angus Peter Campbell, taken from *West Highland Free Press*, 12th January 2016.

SQA has made every effort to trace the owners of copyright materials in this question paper, and seek permissions. We will be happy to incorporate any missing acknowledgements. Please contact question.papers@sqa.org.uk.

Text 2 — Poem is based on a poem by Ailpein Stiùbhairt, from *Gairm: Àireamh 151 Summer 1990*.

SQA has made every effort to trace the owners of copyright materials in this question paper, and seek permissions. We will be happy to incorporate any missing acknowledgements. Please contact question.papers@sqa.org.uk.



National
Qualifications
2019

X732/77/12

Àrd-Ìre Adhartach

DILUAIN, 29 GIBLEAN

11:00 M – 12:40 F

**Gàidhlig
Litreachas agus Sgrìobhadh**

Gàidhlig
Literature and Writing

Comharran gu lèir — 40

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharra

Feuch AON cheist.

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharra

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 7 3 2 7 7 1 2 *

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharran

Freagair AON de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

Bàrdachd

1. Tagh dà phìos bàrdachd a tha a' dèiligeadh ris an aon cuspair, ach ann an dòighean eadar-dhealaichte. Beachdaich air na sgilean a chaidh a chleachdadh airson an cuspair seo a sgrùdadh.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: amas, adhbhar, cuspair, suidheachadh, sealladh, teachdaireachd, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, structar, comhardadh . . .

20

Bàrdachd

2. 'Bidh bàrdachd shoirbheachail a' toirt buaidh air cridhe an leughadair, a bharrachd air inntinn.'

Tagh co-dhiù aon phìos bàrdachd mu bheil seo fìor agus seall mar a thug am bàrd/na bàird buaidh ort.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: amas, adhbhar, cuspair, teachdaireachd, suidheachadh, sealladh, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, structar, comhardadh . . .

20

Nobhail

3. 'Glè thric bidh sgrìobhadair-nobhail a' leasachadh nan caractaran aca ann an suidheachadh doirbh.'

Tagh nobhail mu bheil seo fìor. Seall mar a tha an sgrìobhadair soirbheachail ann a bhith a' cruthachadh agus a' leasachadh caractar(an) na nobhail.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: plota, suidheachadh, àirde, car, puing-tionndaidh, taghadh-facail, ìomhaigheachd, cuspair . . .

20

Sgeulachd ghoirid

4. 'Tha mòran sgeulachdan Gàidhlig anns a bheil caractar(an) a tha ag atharrachadh ri linn na tha a' tachairt dha/dhaibh.'

Tagh sgeulachd ghoirid anns a bheil seo fìor agus seall mar a tha an t-atharrachadh seo a' toirt buaidh air an sgeulachd agus ort fhèin.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: cuspair, teachdaireachd, suidheachadh, taghadh-facail, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

5. ‘Tha suidheachadh agus co-theacsa air leth cudromach ann an sgeulachd ghoirid.’

Dèan coimeas eadar dà sgeulachd ghoirid anns an do chleachd an t-ùghdar iad seo airson an stòiridh a ghiùlan gu soirbheachail.

Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: cuspair, teachdaireachd caractar(an), taghadh-facail, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Dràma

6. ‘Tha caractaran agus ceanglaichean an-còmhnaidh aig cridhe dràma.’

Tagh dealbh-chluich no prògram dràma no film anns a bheil seo soilleir. Seall mar a chaidh iad seo a leasachadh tro sgilean teicnigeach gus buaidh a thoirt air an neach-coimhead.

Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir, prìomh sheallaidhean, àirde, cleasachd, labhairt, taghadh-facail . . . no mar a chaidh innleachdan-film/na h-àrd-ùrlair a chleachdadh (leithid fuaim/ceòl, solais, camara . . .)

20

Rosg Neo-fhicsean

7. Tagh pìos rosg neo-fhicsean anns a bheil an dòigh-aithris cudromach ann a bhith a’ toirt taic don eachdraidh a th’ anns an leabhar. Seall na sgilean a chleachd an sgrìobhadair gus seo a dhèanamh.

Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: fiosrachadh, beachdan, sealladh, suidheachadh, stoidhle, cànan, tònna, sgilean-teicnigeach . . .

20

Diofar theacsaichean

8. Tagh dà sheòrsa teacsa (mar eisimpleir, sgeulachd ghoirid agus bàrdachd) a tha a’ bualadh air an aon chuspair. Seall mar a dhèilig na sgrìobhadairean ris a’ chuspair ann an dòighean eadar-dhealaichte.

Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: caractaran, suidheachadh, sgilean-teicnigeach, teachdaireachd . . .

20

[Tionndaidhaibh airson an ath cheist

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharran

Feuch AON cheist

Cuimhnich gu bheil cothrom agad na tiotalan a leanas a chleachdadh ann an dòigh sam bith. Dh'fhaodadh an aiste a bhith, mar eisimpleir; mac-meanmair, fiosrachail, beachdail, pearsanta no eile.

9. Cliù.
10. An cunnart.
11. Latha a dh'atharraich mo bheatha.
12. 'Tha siubhal thall-thairis nas fheumaile na siubhal nar dùthaich fhèin.'
13. Droch/deagh chleachdaidhean.
14. Ionndrainn.
15. 'Tha fada cus phrògraman mu bheatha fhìor air an telebhisean san là an-diugh.'
16. Ceartas.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]